



Seirbheis Tagrachd Neo-eisimeileach

Dè th' anns an t-Seirbheis Tagrachd Neo-eisimeileach?

'S e seirbheis an-asgaidh neo-eisimeileach a tha ann do dhaoine le ciorram a dh'fhaodadh a bhith feumail air taic a bharrachd gus cothrom fhaighinn air agus iarrtas a chur airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba.

Tha an t-seirbheis seo air a toirt seachad le VoiceAbility, buidheann taobh a-muigh Riaghaltas na h-Alba agus Tèarainteachd Shòisealta Alba. 'S e carthannas a th' ann an VoiceAbility agus tha e air a bhith a' libhrigeadh seirbheisean tagrachd neo-eisimeileach fad 40 bliadhna.

Cò dh'fhaodas an t-seirbheis a chleachdadh?

Tha an t-seirbheis fosgailte do dhuine sam bith ann an Alba le ciorram a dh'fheumas taic gus cothrom fhaighinn air agus iarrtas a chur airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach daoine le ciorram mothachail, cor slàinte-inntinn no ciorram ionnsachaidh.

Tha an t-seirbheis seo cuideachd ri faotainn do phàrantan no luchd-cùraim le ciorram a dh'fheumas taic gus cothrom fhaighinn air sochairean airson pàiste. No airson phàrantan no luchd-cùraim aig a bheil cothrom air sochairean airson pàiste le ciorram, ma tha am pàiste airson a bhith an sàs sa phròiseas agus feumach air taic.

Dè bhios neach-tagrachd a' dèanamh?

Bidh neach-tagrachd a' cuideachadh dhaoine le ciorram gus:

- a bhith a' faighinn èisteachd agus a' faireachadh gu bheilear gan tuigsinn
- ceistean fhaighneachd agus fiosrachadh fhaighinn mu shochairean
- tuigsinn dè na sochairean dham faod iad iarrtas a chur a-steach
- tuigsinn mar a chuirear iarrtas a-steach airson shochairean
- tuigsinn na seirbheis a dh'fhaodas iad dùileachadh agus dè nì iad ma tha ceistean aca
- litrichean, foirmean iarrtais, còmhradh fòn agus coinneamhan le Tèarainteachd Shòisealta Alba a thuigsinn
- a bhith an sàs gu lèir sa phròiseas iarrtais
- innse do Thèarainteachd Shòisealta Alba mun deidhinn fhèin, mun t-suidheachadh aca agus dè tha a dhìth orra no dè dh'fheumas iad
- innse do Thèarainteachd Shòisealta Alba dè tha iad a' smaoinichadh mu na sochairean aca agus an t-seirbheis a tha iad a' faighinn agus tuigsinn dè nì iad mura h-eil iad toilichte.

Bidh neach-tagrachd:

- a' faighinn a-mach an dòigh sa bheil e as soirbhe do neach a bhith a' tuigsinn agus a' cur na teachdaireachd aca an cèill
- a' conaltradh ris an neach-dèiligidh anns an dòigh as soirbhe dhaibh fhèin
- a' bruidhinn no a' sgrìobhadh airson neach-dèiligidh a-mhàin nuair a dh'iarraas an neach-dèiligidh orra no nuair nach urrainn dhan neach-dèiligidh bruidhinn no sgrìobhadh
- a' faighinn fiosrachadh bho dhaoine eile gus neach-dèiligidh a chuideachadh gus am beachdan a chur an cèill. Cha dèan iad seo ach ma dh'innseas an neach-dèiligidh dhaibh gum faod iad a dhèanamh, mura h-urrainn dhan neach-dèiligidh aonta a thoirt
- a' dìon còraichean an neach-dèiligidh le bhith a' riochdachadh an t-suidheachaidh aca mura h-urrainn dhaibh fhèin sin a dhèanamh.

Dè nach bi neach-tagrachd a' dèanamh?

Cha bhi neach-tagrachd:

- a' toirt comhairle mu shochairan
- a' toirt comhairle laghail
- a' dèanamh cho-dhùnaidhean airson an neach-dèiligidh
- a' toirt seachad na beachdan no smuaintean aca fhèin.

Cuin a dh'fhaodas neach cothrom fhaighinn air an t-seirbheis?

Faodaidh luchd-dèiligidh taic iarraidh bho neach-tagrachd aig àm sam bith - mus cuir iad iartras a-steach, nuair a chuireas iad iartras a-steach, ma tha iad airson cuir an aghaidh toradh an iarrais aca, no gearan a thogail.

Ciamar a dh'fhaodas neach cothrom fhaighinn air an t-seirbheis?

Faodaidh luchd-dèiligidh fios a chur gu dìreach gu VoiceAbility saor an-asgaidh air 0300 303 1660 no le bhith a' tadhail air www.voiceability.org, no le bhith a' cur post-d gu SocialSecurityAdvocacy@voiceability.org.

Faodaidh luchd-dèiligidh cuideachd cothrom fhaighinn air an taic seo le bhith a' cur fios air Tèarainteachd Shòisealta Alba saor an-asgaidh san dòigh as fheàrr a fhreagras iad fhèin, an dàrna chuid:

- air fòn, air 0800 182 2222 agus ag iarraidh gun tèid an cur dhan t-Seirbheis Tagrachd Neo-eisimeileach
- le cabadaich-lìn
- le Seirbheis Text Relay air 18001 +0300 244 4000
- no faodaidh luchd-cleachdaidh de Chànan Soidhnidh Bhreatainn a dhol gu contactscotland-bsl.org/device-direct/

Dè thachras a-nis?

An dèidh do neach-dèiligidh fios a chur, cuiridh neach-tagrachd bho VoiceAbility fios thuca ann an dòigh as fheàrr a fhreagras an neach-dèiligidh taobh a-staigh còig latha-obrach. Nì an neach-tagrachd an uair sin conaltradh ris an neach-dèiligidh gus fios fhaighinn air na feumalachdan aca.

Tha an t-seirbheis buileach saor an-asgaidh do luchd-dèiligidh, agus thèid cosgaisean siubhail sam bith gus cothrom fhaighinn air an t-seirbheis ath-phàigheadh le VoiceAbility.